

Stiùireadh-measaidh Maoin Phlanaichean Gàidhlig 2023/24 Gaelic Plans Fund 2023/24 Assessment Guidance

Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

Bu chòir gun tèid gach iarrtas a sgrùdadh mus tèid e airson measadh gus dearbhadh gu bheil e a' leantainn riaghailtean an sgeama mar [a tha ann san stiùireadh](#). Mur eil e a' leantainn nan riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air an neach-iarrtais na mearachdan a cheartachadh taobh a-staigh 10 làithean-obrach, no cha tèid an t-iarrtas air adhart airson measadh, agus thèid an t-iarrtas a dhiùltadh.

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme set out [in the guidance](#). If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors within 10 working days, or the application will not be assessed, and the application declined.

- Buidheann na ùghdarras poblach/ionadail no buidheann leth-eisimeileach de bhuidheann le plana Gàidhlig
- Iarrtas taic-airgid airson £25,000 no nas lugha (no le cead ro-làimh)
- Iarrtas taic-airgid aig no nas lugha na 80% de chosgaisean iomlan a' phròiseict
- Teachd-a-steach agus cosgaisean slàn airson a' phròiseict ri fhaighinn
- Pròiseact a' tòiseachadh eadar an Lùnastal 2023 agus Màrt 2024 (no le cead airson ceann-là eile)
- Pròiseact a' crìochnachadh rè no ron Lùnastal 2024 (no le cead airson ceann-là eile)
- Organisation is a public/local authority or ALEO of an organisation with a Gaelic language plan
- Funding request of £25,000 or under (unless previously permitted)
- Funding request at or under 80% of total project costs
- Full projected income and expenditure outlined
- Project begins between August 2023 and March 2024 (or with alternative date permitted)
- Project ends during or before August 2024 (or with alternative date permitted)

Molaidhean airson sgòradh / Scoring recommendations

Tha an stiùireadh seo ann gus cuideachadh le bhith measadh iarrtasan airson pròiseactan Maoin Phlanaichean Gàidhlig 2023/24. Tha dà phàirt den stiùireadh: Buaidh a' Phròiseict agus Libhrigeadh a' Phròiseict. Thathar an dùil gum bi sgòr de 60% no nas àirde gu h-iomlan agus co-dhiù 1 airson gach slat-tomhais a dhith airson iarrtas a bhith soirbheachail.

This guidance provides support in assessing applications for Gaelic Plans Fund projects in 2023/24. There are two parts to the assessment: Project Impact and Project Delivery. It is expected that a score of 60% or more overall and of at least 1 for each measure is required for an application to be successful.

Bu chòir gach puing-measaidh a bhith air a sgòradh a-mach à 5, le stiùireadh gu h-ìosal air na tha gach sgòr a' comharrachadh. Ma tha stiùireadh sònraichte ann airson puing-measaidh, bu chòir sin a bhith ga mheas mar phrìomhachais.

Each assessment criteria should be scored out of 5, with guidance below on what each score represents. However, if there is specialist guidance provided then that should be considered as a priority.

5	4	3	2	1
Glè làidir / Very strong	Làidir / Strong	Riarachail / Satisfactory	Lag / Weak	Glè lag / Very weak

Buaidh a' Phròiseict

Inbhe agus freagarrachd a' phròiseict

- Dè cho dlùth agus a tha am pròiseact a' freagairt air stiùireadh airson nam pròiseactan a tha an sgeama seo airson maoinachadh?
- Dè cho buannachdail agus a bhiodh am pròiseact do chleachdadh, ionnsachadh agus cur air adhart na Gàidhlig ann an raon an ùghdarras phoblaich nan robh taic-airgid air a thoirt seachad dha?
- Am bi am pròiseact air a libhrigeadh agus air a dheasachadh tro mheadhan na Gàidhlig?
- Ciamar a tha an t-iarrtas a' sealltainn àbhaisteachadh na Gàidhlig san ùghdarras?
- A bheil am pròiseact a' beachdachadh ann an gu leòr doimhneachd air mar a thèid a libhrigeadh ma tha cuingealachaidhean ann air sgàth sgaoididhean a' choròna-bhìoras?

Dè cho math agus a bhiodh am pròiseact a' coileanadh nan amasan san fharsaingeachd de bhith:

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Mur eil am pròiseact air an libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig gu tur no sa mhòr-chuid, 's e 4 an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad.

A' buileachadh Planaichean Gàidhlig

- Dè cho soilleir agus a tha an t-iarrtas a' sealltainn mar a bhios am pròiseact a' libhrigeadh amasan Plana Gàidhlig an ùghdarras?
- Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' toirt feart air mar a dh'fhaodas am pròiseact taic a chur ri libhrigeadh Phlanaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan eile?
- A bheil a' bhuidheann a' coileanadh nan dleastanasan aige a thaobh dearcnachadh is ath-nuadhachadh a' Phlana Gàidhlig aige?

Ùr-gnàthachas

- Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a' sealltainn ùr-gnàthachas a' phròiseict, gu h-àraidh a thaobh obair na buidhne agus coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd?
- Dè cho math agus a tha an iarrtas a' mìneachadh na buannachdan bhon ùr-gnàthachas seo?
- Dè cho math agus a tha an iarrtas a' sealltainn mar an urrainnear na toraidhean ùr a chur an gnìomh san àm ri teachd?

Ma tha an t-iarrtas seo ag iarraidh sìneadh air pròiseact a fhuair taic GLAIF a-cheana, 's e 3 an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad.

Project Impact

Project eligibility and quality

- How closely does the project relate to the guidance for projects that this fund is looking for?
- How beneficial could the project be for Gaelic usage, learning and promotion in the public authority's remit if it was funded?
- Will the project be delivered and developed through the medium of Gaelic?
- How does the application show the normalisation of Gaelic within the authority?
- Does the project sufficiently consider how it can be delivered in the event of restrictions caused by coronavirus outbreaks?

How well does the project generally achieve the aims of:

- Increasing Gaelic usage
- Increasing Gaelic learning
- Promoting a positive image of Gaelic

If the project is not entirely or mostly delivered through the medium of Gaelic, then the maximum score is 4.

Implementing Gaelic Language Plans

- How clearly does the application show how the project will deliver the aims of the public authority's Gaelic Language Plan?
- How well does the application consider the ways in which the project can support delivery of other authorities' Gaelic Language Plans?
- Is the organisation currently fulfilling its responsibilities in terms of monitoring and renewing its Gaelic Language Plan?

Innovation

- How strongly does the application demonstrate the innovation of the project, in relation to the organisation's work and the Gaelic community in general?
- How well does the application explain the results that will come from this innovation?
- How well does the application show how this innovation can be applied in future?

If the application is requesting an extension for a project previously supported through GLAIF, then the maximum score is 3.

A' togail com-pàirteachasan

- Dè cho math agus a tha am pròiseact ann a bhith ag obair leis a' choimhearsnachd ionadail?
- Dè cho math 's a tha am pròiseact ann a bhith a' dèanamh ceangal le tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta?
- Dè an uiread de cho-obrachadh a tha an t-iarrtas a' sealltainn eadar an t-ùghdarras ionadail agus buidhnean eile (poblach, treas roinn no prìobhaideach)?

5%

Building partnerships

- How well does the project seek to involve the local community?
- How well does the project connect with local, national and international events?
- How much co-operation is shown in the application between the public authority and other organisations (public, third sector or private)?

Ìbhriogeadh a' Phròiseict

Comas ìbhriogidh

- A bheil an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil sgilean agus eòlas gu leòr aig an tagraiche gus am pròiseact a ìbhriogeadh gu soirbheachail?
- A bheil a' bhuidheann air cùmhnanntan le taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig a choileanadh gu soirbheachail roimhe (a' gabhail a-steach a bhith ag aithneachadh na taic-airgid)?
- A bheil comasan Gàidhlig math aig an neach/sgioba a bhios a' ìbhriogeadh a' phròiseict?
- A bheil e soilleir bhon iarrtas mar a thèid an obair a choileanadh?
- Am bi am buidseat iomchaidh airson am pròiseact a ìbhriogeadh gu tìr?

10%

Delivering the Project

Ability to deliver

- Does the application demonstrate that the applicant has sufficient skills and knowledge to deliver the project successfully?
- Has the organisation successfully performed Bòrd na Gàidhlig funding contracts previously (including acknowledging funding support)?
- Does the individual/team delivering the project have good Gaelic ability?
- Is it clear from the application how the work will be undertaken?
- Is the budget reasonable to deliver the project fully?

Sgrùdadh is measadh a' Phròiseict

- Dè cho làidir agus a tha planaichean an tagraiche airson an obair aca a mheasadh?
- A bheil targaidean soilleir is ruigsinneach aig an tagraiche?
- A bheil e soilleir mar a bhios an tagraiche a' tional dàta airson Plana Corporra a' Bhùird?
- A bheil a' bhuidheann air na dleastanasan aice a choileanadh a thaobh aithisgean is a bhith a' toirt fiosrachadh seachad dhan Bhòrd airson pròiseactan a fhuair taic-airgid roimhe?

10%

Project monitoring and evaluation

- How strong are the applicant's plans to assess their work?
- Does the applicant have clear and achievable targets?
- Is it clear how the applicant will collect information relating to Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan?
- Has the organisation performed its duties in terms of returning reports and providing information to the Bòrd for projects that have previously received funding?

Luach an airgid

- Cia mhead duine a gheibh buannachd bhon airgead a thathar a' sireadh?
- A bheil buidseat a' phròiseict reusanta airson a leithid agus e a' coimhead air dòighean gus cosgaisean a lùghdachadh far a bheil sin comasach?
- A bheil taic iomchaidh ann bho thùsan eile (a' gabhail a-steach com-pàirtichean)?
- Am bi an taic-airgid seo air a stiùireadh agus cleachdadh ann an dòigh èifeachdach?

15%

Value for money

- How many people will benefit in relation to the funding requested?
- Is the budget for the project reasonable and does it look to minimise costs where possible?
- Is there appropriate funding from other sources (including participants)?
- Will this funding be managed and used effectively?
- How does this project show improvement over previous projects that have been awarded funding?

- Ciamar a tha am pròiseact a’ sealltainn adhartachadh bho phròiseactan a fhuair taic-airgid a-cheana?

Àrainneachd, Co-ionannachd, Iomadachd & Inghabhalachd

5%

Environment, Equalities, Diversity & Inclusion

- Dè cho mòr 's a bhios a’ bhuidh aig a’ phròiseact air an àrainneachd (gu h-àraid a thaobh siubhail)?
- A bheil an t-iarrtas a’ sealltainn mar a bhios am pròiseact a’ gabhail cothrom gus a’ bhuidh air an àrainneachd a lùghdachadh?
- A bheil poileasaidh no aithris àrainneachd aig a’ bhuidhinn?
- A bheil an t-iarrtas a’ toirt chothroman do dhaoine òga fo chùram agus, ma tha, dè cho math 's a tha e a’ freagairt nam feumalachdan aca?
- A bheil an t-iarrtas a’ nochdadh aire air dleasan co-ionannachd agus a’ toirt chothroman do dhaoine le feartan dìante a bhith a’ dol an sàs leis a’ Ghàidhlig?

Mur eil freagairt sam bith ann, thoir seachad sgòr de 0. Ma tha an t-iarrtas a’ sealltainn gu bheil iad air aire a thoirt do na ceistean ach nach bi am pròiseact a’ tabhann chothroman gu sònraichte a thaobh Pàrantan Corporra & co-ionannachdan, thoir seachad sgòr de 2.

Mur eil an t-iarrtas a’ beachdachadh air na riatanasan uile a thaobh àrainneachd, co-ionannachd agus Pàrantan Corporra, 's e an sgòr as àirde a dh'fhaodar toirt seachad 4.

- How much of an environmental impact will the project have (particularly with regard to travel)?
- Does the application show how the project will attempt to minimise its environmental impact?
- Does the organisation have an environmental policy or statement?
- Does the application provide opportunities for young people in care, and if so, how well does it consider their needs?
- Does the application show awareness of responsibilities in terms of equalities and provide opportunities to engage with Gaelic for people under protected characteristics?

If no answer is provided score 0.

If the application shows appropriate consideration of the questions but that it will not specifically offer opportunities in relation to Corporate Parenting & equalities, then score 2.

If the application does not consider all of the environment, equalities and Corporate Parenting the maximum score is 4.

Aithneachadh taic-airgid

5%

Acknowledging funding support

- A bheil an t-iarrtas a’ sealltainn gu follaiseach gu bheil deagh thuigse air an tagraiche air na riaghailtean a thaobh aithneachadh taic-airgid?
- A bheil an t-iarrtas ainmeachadh dòighean iomchaidh airson taic-airgid aithneachadh?
- Ma tha am buidheann air taic-airgid fhaighinn bhon Bhòrd a-cheana, a bheil iad air na dleasan aca a choileanadh a thaobh aithneachadh taic-airgid?

- Does the application clearly show the applicant understands the requirements of acknowledging funding support?
- Does the application show appropriate ways of acknowledging funding support?
- If the organisation has received Bòrd funding previously, have they fulfilled their duties in acknowledging funding?

Tabhann taic-airgid / Funding offers

Airson gach iarrtas a tha am pannal-measaidh a’ moladh dhan Sgioba Stiùiridh airson aontachadh, faodaidh iad moladh gum bithear a’ tabhann sùim taic-airgid a tha nas lugha na an t-sùim a chaidh iarraidh chun na h-ìre a tha am pannal den bheachd gum bi an t-sùim:

- 1) A’ toirt seachad luach an airgid do Bhòrd na Gàidhlig
- 2) Fhathast a’ leigeil leis a’ phròiseact tachairt

For each application that the assessment panel recommends to the Senior Management Team for approval, they may recommend a funding offer that is lower than the requested sum to the extent that the panel believes the amount provided:

- 1) Delivers value for money for Bòrd na Gàidhlig
- 2) Will still allow the project to continue

Às dèidh measadh air a h-uile iarrtas, ma tha am pannal-measaidh a' moladh barrachd iarrtasan na th' ann de bhuidseat sa mhaoin, thèid taic-airgid a thabhann mar as trice do na h-iarrtasan a rèir òrdugh sgòraidh bhon sgòr as àirde dhan sgòr as ìsle a rèir sgòr iomlan, agus an uair sin a rèir sgòr buaidh a' phròiseict. Faodaidh an Sgioba-stiùiridh prìomhachas a chur air iarrtasan ge-tà far a bheilear den bheachd gum bi buaidh ro-innleachdail nas làidire no airson dearbhadh gun tèid sreath de bhuidhnean no coimhearsnachdan nas fharsainge a fhrithealadh le pròiseactan Maoin Phlanaichean Gàidhlig.

After assessment of all applications, if the assessment panel recommends more applications than the fund budget can allow, funding will typically be offered to applications in order of score from the highest to the lowest first by overall score, then by project impact score. However, the Senior Management Team may prioritise applications that are deemed to have a stronger strategic impact or to ensure a broader range of organisations or communities are served by Gaelic Plans Fund projects.